

Freagarraiche A / Respondent A

Ceistean | Questions

1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn? The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?

Tha na h-amasan agaibh iomchaidh gun teagamh, ach chan eil mi cinnteach gu bheil an "t-òrdugh" (agus mura h-e sin a th' ann an da rìreabh, tha an coltas ud air) buileach ceart; bu chòir, nam bheachd, am prìomhachas a bhith air a chur air leudachadh cleachdadh na Gàidhlig, sa chiad àite.

Tha iomhaigh a' chànan gu nàiseanta, agus ionnsachadh na Gàidhlig cudromach fhèin, ach gun a' chànan a dhol a chleachdadh leis an fheadhainn aig a bheil comas mar-thà, agus leis an fheadhainn a tha a' leasachadh an comasan an-dràsta, 's e an cunnart gur e dìreach an cànan mar shàmhla, a bhios againn an ceann beagan bhliadhnaichean. Dh'fhaotadh a h-uile duine an Albainn tuigsinn gu bheil Gàidhlig cudromach, iomchaidh i buntainneach air feadh na dùthcha (agus, gu dearbh, b' e piseach nach beag a bhiodh ann an shin) ach mas e dìreach sàmhla eachdraidh agus dùthchais a bhios innte, cha tèid a cleachdadh ann an comann farsaing. Is math gu bheil sibh a' cur am fiosrachadh sin an cèill, ach ar leam gu bheil òrdugh nan amasan mar a tha an-dràsta caran bun-os-cionn.

Air an làimh eile, tha ionnsachadh gu feum dhan a' Ghàidhlig, ach mura bi luchd-ionnsachaidh a' ruighinn ìre fhileantais (no co-dhiù ìre far am bi iad misnachail na th' aca a' cur gu feum) - agus ma tha iad an còmhnaidh ag ionnsachadh, gun a' mhisneachd Gàidhlig a chleachdadh, 's e call mòr a tha gu bhith ann. 'S e "luchd-labhairt ùra" a tha sibh a' sùileachadh - agus air a bheil feum agaibh - is chan e barrachd is barrachd luchd-ionnsachaidh a tha dol a chur ri beatha na Gàidhlig san fhad-ùine. Feumaidh an t-airgead a chosg air na dòighean-teagaisg as soirbheicheil. Thathar ag rannsachadh na cùisean seo ag Oilthigh Dhùn Eideann is Heriot-Watt agus bu chòir do BnaG agus don Rìghaltas sùilean geur a chumail air sin.

2. Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh iomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo? We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?

Feumaidh sinn barrachd teagaisg mu dheidhinn na Gàidhlig agus àite a' chànan an Albainn - a rèir fianais agus obrach sgoileireil - ann an sgoiltean air feadh na h-Alba, agus do sgoilearan aig gach ìre. Tha foghlam agus fiosrachadh do dh'inbhich mun chànan a cheart cho bunasach, agus an dà rìreabh 's e poileasaidh conaltraidh agus 'PR', le luchd-obrach proifeiseanta agus làn-ùine a bhiodh feumail son an t-amas sin a choileanadh. Tha feadhainn air a bhith a-mach aonad "anti-defamation" son na Gàidhlig roimhe, agus atha e follaiseach gum biodh sgioba conaltraidh agus PR riatanach son seo a dhèanamh gu ceart. Is math gu bheil sibh a' cur fòcas sònraichte air Rìghaltas na Gàidhlig son na h-obrach seo, agus gun teagamh 's ann leothasan a tha tòrr dleastanas son iomhaigh na Gàidhlig àrdachadh ann an Pàrlamaid, ann am poileasaidh agus ann an comann na h-Alba san fharsaingeachd.

3. Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig? We believe education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?

Gu deimhinne bidh foghlam de gach sheòrsa riatanach son luchd-labhairt ùra a bharrachd a chruthachadh. Is math nach deach am fòcas uile gu lèir a chur air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha feum ach gach clann-sgoile ann an Albainn air foghlam mun a' Ghàidhlig, fiù air an taobh a-muigh o FTMG agus Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh. B' e briseadh dùil a bh' ann do mhòran nach tàinig còirichean laghail do phàrantan a thoirt a-steach do dh'Achd an Foghlaim an-ùiridh, agus bu chòir do BhnaG smaoinichadh gu faicieleach air a leithid de chòir san àm ri teachd.

Tha sinn feumach air barrachd eòlais mun luchd-labhairt ùra (.i. an fheadhainn a dh'ionnsaich Gàidhlig taobh a-muigh na dachaigh ach a a-nis a tha ga cleachdadh gu tric), an dòighean ionnsachaidh, ideòlasan agus fèin aithne, airson 's gum bi barrachd tuigse againn air na tha gan sònrachadh agus gan eadar-dhealachadh bhon mhòr-chuid

de dhaoine a bha/tha/bhios ag ionnsachadh gun a bhith a-riamh a' bruidhinn na Gàidhlig gu sòisealta. Tha rannsachadh aig Oilthigh Dhùn Eideann a' dol air adhart, air a mhaoineachadh leis an Acadamaidh Bhreatannach, a chuireas freagairtean ris na ceistean sin.

Sheall rannsachadh a chaidh a dhèanamh ann an 2015 leis an Dr Stuart Dunmore nach eil a' mhòr-chuid de shampall inbhich a' fhuair FTMG a' cleachdadh na Gàidhlig ach ainneamh is iad nan 20an/30an a-nis. Feumar piseach a chur air an t-suidheachadh siud, gu h-àraidh ann a bhith:

- 1) a' cruthachadh barrachd cothroman leanntainneach son FTMG san àrd-sgoil
- 2) a' brosnachadh barrachd cleachdaidh neo-fhoirmeil taobh-muigh a' chlas
- 3) agus a' cur dleastanas a bharrachd air pàrantan a tha ag iarraidh foghlam dà-chànanach dhan an cuid cloinne, a' Ghàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh san dachaigh.

Cha robh ach glè bheag dhe na h-inbhich a ghabh pàirt san rannsachadh agam an 2015 a' tuigsinn gu soilleir carson a bha Gàidhlig cudromach dhan an cuid fhèin-aithne mar Albannaich, agus mholainn gum biodh leasachadh na tuigse sin air leth cudromach ann am FTMG, Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh agus do chlann nach eil faighinn Gàidhlig sam bith an-dràsta.

A bharrachd air sin, sheall rannsachadh a chaidh a dhèanamh às leth BhnaG gu bheil luchd na Gàidhlig sna coimhearsnachdan as treasa am beachd gu bheil tuilleadh ceanglaichean fhathast a dhìth eadar FTMG agus an coimhearsnachdan, 's gu h-àraidh gu robh daoine aig a bha an cànan o thùs ag iarraidh barrachd a dhèanamh air son Gàidhlig a bhrosnachadh. 'S e stòras cudromach a bu chòir dhuinn cleachdadh a th' anns an deòin sin.

4. Tha sinn dhen beachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig? We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?

Bidh cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd - ge b' e dùthchail no bailteil - riatanach airson taic cheart a chur ri clann ann am FTMG (PhD Dunmore 2015). Mura thèid an seòrsa chleachdadh sin a bhrosnachadh chan eil mòran teans ann idir gum bi clann sgoile ann am FTMG a' cur an cuid Gàidhlig gu feum an dèidh na sgoile, agus gu dearbh, tha deagh theans ann gum bi iad a' diochuimhneachadh na dh'ionnsaich iad mar a dh'fhàsas iad nan inbhich. Bhiodh àiteachan/ionadan bailteil Gàidhlig far an cleachdar an cànan gu misneachail gu feum mhòir son cothroman a bharrachd a chruthachadh do dhaoine aig a bheil Gàidhlig a cleachdadh gun cunbhalach agus gu sòisealta.

5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharrachadh sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum? In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?

Ged a tha beachdan gu meadhanach làidir airson na Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de dhaoine an Albainn (a rèir rannsachaidh le Paterson is O'Hanlon 2014, 2015) tha mise mothachadh gu bheil na h-ideòlasan a tha fhathast air an cuairteachadh mun a' Ghàidhlig nach eil stèidhte air an fhìrinn (m.e. nach robh i riamh ga bruidhinn air feadh na dùthcha, nach robh is nach eil i cudromach do dh'fhèin-aithne Albannach, gu bheil i air a sparradh air a' mhòr-chuid nach eil taiceil). Tha sin a' cur sìos misneachd agus deònachd luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan a chleachdadh, agus a' cur daoine dheth ionnsachadh na Gàidhlig. Mar sin, tha iomhaigh na Gàidhlig air leth cudromach, ach chan ann ann an dòigh a tha fa-leth bho chleachdadh a' chànan. Mar a mhol mi mu thràth, bhiodh ionad no sgioba conaltraidh is PR làn-ùine gu feum na h-ideòlasan leanntainneach a chur ceart ann an Alba.

Q11: Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingeagan eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgriobh sibh iad gu h-ìosal. The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.

Bu chòir barrachd ceanglaichean a bhith air am brosnachadh eadar na 'mòr-sgìrean' agus clann-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig los gum bi sin a' cumail ar cànan beò ann an dòigh chiallach, shusbainteach san àm ri teachd.